



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR EISIMPLEIR

**SQ19/H/01**

**Gàidhlig  
Leughadh agus Sgrìobhadh**

Latha — Gun bhuinteanas  
Date — Not applicable  
Ùine: — 1 uair agus 40 mionaid (moladh)  
Duration — 1 hour 40 minutes

**Gàidhlig  
Reading and Writing**

**Comharraidhean gu lèir — 50**

**ROINN 1 — LEUGHADH AIRSON TUIGSINN, MION-SGRÙDADH IS LUACHADH — 30 comharra**  
Leugh an earrann agus feuch air na ceistean AIR FAD.

**ROINN 2 — LEUGHADH BREITHNEACHAIL IS SGRÌOBHADH — 20 comharra**

Tagh AON de na roghainnean a-mhàin.

**Nuair a dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean anns an leabhran freagairt.**

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**. Feumaidh tu duilleag ùr a chleachdadh airson gach roinn.

Mus fàg thu rùm nan deuchainn feumaidh tu gach leabhran a thoirt don Neach-faire. Mura dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.



\* S Q 1 9 H 0 1 \*

An Sgàthan

An latha ud, bha mi air fios fhaighinn bhon cheannard aig m' obair gum biodh agam ri oidhche a chur seachad ann am baile nach b' aithne dhomh. Cha robh cus àiteachan-fuirich rin lorg san àite bheag iomallach sin. Mu dheireadh, thàinig mi tarsainn air taigh-òsta air an eadar-lìon agus chuir mi rùm air dòigh dhomh fhìn. Ged nach robh coltas ro bheothail air a' bhaile nuair a

5 thàinig mi far na tràna, thog mi orm sìos an rathad. Bha rian agam air mo bheatha an uair sin. Anns an àm mus do thadhail mi air an àite ud. An t-àite far an do chaill mi mo chiall . . .

An dèidh a bhith a' coiseachd greis mhath, thrèig soilleireachd an latha mi gu h-obann, ach thug mi 'n aire do sholas beag pìos far an rathaid a bha gu math coltach ri solas uinneige. Nuair a ràinig mi starsach an togalaich, laigh mo shùil air seann ghlag meirgeach air an doras, fear mòr iarainn le ròpa tiugh a' crochadh fodha. A' faireachdainn mar gum bithinn ann an seann fhilm, thug mi crathadh math air agus chlisg mi nuair a dh'fhosgail an doras sa bhad. Sheas fireannach àrd, dorcha air mo bheulaibh agus choimhead e orm le amharas. "Dè tha thu ag iarraidh?" dh'fhaighnich e ann an guth cruaidh. Sa mhionaid thug mi 'n aire do sheann leòn a bha air gearradh air a leth-cheann. Bha a shùilean domhainn uaine a' geur-amhairc tromham. Bha mise

10 cho aithghearr ris fhèin nam fhreagairt. "Chuir mi air dòigh rùm airson na h-oidhche." Chrath e a cheann agus rinn e osna mar gum bithinn air rudeigin gòrach a ràdh.

Mu dheireadh, dh'fhosgail e an doras beagan agus leig e a-steach mi. Le ceumannan slaodach, chaidh e air thoiseach orm sìos trannsa fhada, dhorcha, chumhang, timcheall an oisein agus, mu dheireadh thall, suas staidhre gu fìor mhullach an togalaich. Dh'fhosgail e an doras, chuir e air

20 an lampa agus thuirt e, "Seo do sheòmar. Cha bhi e ach fuar o nach eil mi air teine a chur air. Cha robh dùil agam riut." Chuir mi dhìom mo bhaga agus shuidh mi sa chathair, taingeil gun do leig e a-steach mi. Air bòrd beag ri taobh na leapa, thug mi an aire do thrèidhe le aran, càise agus glainne fion air. "Dèan do shuipear dheth," thuirt e agus dhùin an doras le brag air a chùlaibh.

25 "Ach carson a dh'fhàgadh tu . . .?" Chuir mi stad orm fhìn.

Cha robh an solas ach fann ach chithinn gun robh coltas na h-aoise air gach nì a bha san rùm o bhallachan robach gu brat-ùrlar sracte. Ach nuair a choimhead mi air an leabaidh, thog an t-aodach-leapa geal, glan mo spiorad agus bha i gam thàladh. Bha sgàthan mòr crochte os cionn an teine. A-nise, ged a rinn mi iomradh air rudan eile a bha san t-seòmar air thoiseach air an

30 sgàthan, 's i 'n fhìrinn gur e a' chiad rud a ghlac mo shùil nuair a chaidh mi a-steach air an doras.

Cha b' ann mar sgàthan a bha e idir. Bha a h-uile coltas air gun robh mi a' coimhead a-mach uinneag chruinn air cuan farsaing. Bha dath na gloinne coltach ri dath gorm na mara agus thug mi an aire gun robh bàta seòlaidh air a tarraing gu grinn sa ghloinne. Bha an sgàthan air greimeachadh orm mar telebhisean gun fhuaim ann an oisean rùm-suidhe. Mar gum b' ann ag

35 aisling a bha mi, tha mi deimhinne às gun do thòisich am bàta air tulgadh gu socair agus na siùil ri gluasad air ais agus air adhart sa ghaoith. Sgiths, tha mi creidsinn. Shin mi air an leabaidh agus cha b' fhada gus an robh mi nam shuain cadail.

Dhùisg mi ann an dorchadas fuar na h-oidhche gun fhios agam dè an uair a bha e. Chuir mi mo làmh a-mach airson sùil a thoirt air an uair air m' fhòn. Nuair a shuath mi mo shùilean airson an sgrìon fhaicinn, dh'èirich an sealladh a b' annasaiche a chunnaic mi riamh às an t-sàmhchair. An e trom-laighe a bha seo? Bha an sgàthan air fàs cho mòr gu robh e a' toirt leis balla an t-seòmair uile agus bha a h-uile coltas air gun robh e a' tarraing le gluasad a' chuain. An ath mhionaid, thòisich an leabaidh ri tulgadh sìos agus suas agus, air m' fhacal, bha mi air bòrd bàta ann am meadhan fìor dhroch stoirm le tuinn àrda gheala ag èirigh mar uilebheistean às a' mhuir dhuibh.

40

A bharrachd air sgreuchail àrd na gaoithe cha chluinninn ach teannachadh nan ròpannan bho na siùil agus dìosgail fiodh deic a' bhàta fhad 's a ghluais e mar nì beò fodham. Bha eagal orm gun robh mi leam fhìn air bòrd. 'S e faochadh a bh' ann seòladair eile fhaicinn a' tighinn gam ionnsaigh air an deic 's mi ann an èiginn le grèim bàis agam air ròpa. Ach cha mhòr nach do

45

50 dh'fhàg mo thoinisg mi nuair a thuig mi gun robh an duine mòr seo le ceum slaodach agus sùilean domhainn uaine ag amas orm le sgian aige na làimh, gràin air aodann agus coltas a' mhurtair air. Sa mhionaid, dh'aithnich mi e.

Leig mi èigh asam nuair a chunnaic mi e a' tighinn na b' fhaisge agus na b' fhaisge orm. Dh'èirich sgread gaoithe na b' àirde air mo chùlaibh . . .

\* \* \*

55 Thàinig mi thuige nam fhallas air ùrlar an t-seòmair agus pìosan de sgàthan briste timcheall orm. Bha a' ghlainne ghleansach ghorm a' priobadh san dorchadas agus bha mo chiall na laighe ann am mìle pìos am measg nan sgealban biorach.

*(An Sgàthan le Cailean T MacCoinnich – atharraichte).*

Freagair na ceistean a leanas. Cho tric 's is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.

1. Carson a bha aig an sgrìobhadair ri mòran rannsachaidh a dhèanamh air an eadar-lìon? 2
  
2. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' toirt ort a bhith a' creidsinn gu bheil atharrachadh air tighinn air a bheatha bhon oidhche seo. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air taghadh-facail agus structair seantans. 2
  
3. Coimhead a-rithist air loidhnichean 7 gu 16.  
Minich dè seòrsa suidheachadh a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh an seo agus dèan soilleir mar a chuir e seo an cèill. 3
  
4. Coimhead a-rithist air loidhnichean 17 gu 20.  
Ciamar a tha an dòigh-sgrìobhaidh a' sealltainn dhuinn gun robh an rùm aig an sgrìobhadair astar math air falbh? Thoir iomradh air an dà chuid, taghadh-facail agus structair seantans. 3
  
5. Carson a chuir e ìongnadh air an sgrìobhadair nuair a chunnaic e gun robh suipear deiseil air a shon air trèidhe san rùm? 2
  
6. A' cleachdadh eisimpleirean bhon teacsa, seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh coimeas eadar an leabaidh agus an stuth eile a tha anns an rùm. 2
  
7. Coimhead a-rithist air loidhnichean 26 gu 30.  
Carson, nad bheachd, a dh'fhàg an sgrìobhadair fios mun sgàthan gu deireadh a' pharagraf? 2
  
8. Nad bheachd fhèin, minich dè cho freagarrach 's a tha an samhla, "mar telebhisean gun fhuaim ann an oisean rùm-suidhe". 2
  
9. Coimhead a-rithist air loidhnichean 42 gu 46.  
A' cleachdadh eisimpleirean bhon teacsa, seall mar a tha an dòigh-sgrìobhaidh a' toirt taic do bheachd an sgrìobhadair gun robh e ann am meadhan trom-laighe. 3
  
10. Coimhead a-rithist air loidhnichean 47 gu 53.  
Seall mar a tha an sgrìobhadair air a bhith soirbheachail faireachdainnean de dh'olc agus eagal a thoirt seachad anns an earrainn seo. 3

11. Coimhead a-rithist air loidhnichean 54 gu 56.

Seall dè cho èifeachdach 's a tha na h-ìomhaighean seo mar dheireadh don sgeulachd. Thoir iomradh air mar eisimpleir taghadh-facail, structair seantans agus ceanglaichean ris a' phlot.

3

12. Sgrìobh trì sreathan mar gheàrr-chunntas air na thachair dhan sgrìobhadair às dèidh dha a dhol a-steach don rùm. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh.

3

## ROINN 2 – LEUGHADH BREITHNEACHAIL IS SGRÌOBHADH – 20 comharra

### Sgrìobh air AON de na roghainnean a leanas

#### 1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail aig a bheil deireadh èifeachdach. Mìnich mar a thug an deireadh buaidh air an teacsa uile gu lèir.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a thug buaidh ort air sgàth a' chuspair a bha anns an sgeulachd no san nobhail. Mìnich dè na rudan a rinn an cuspair cho tarraingeach dhut.

#### 2. Bàrdachd

- (a) Tagh pìos bàrdachd a leugh thu a bha brònach. Seall mar a chleachd am bàrd diofar sgilean sgrìobhaidh gus am faireachdainn seo a bhrosnachadh annad.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd aig an robh ceangal làidir ri cultar na Gàidhlig no ri àite sònraichte. Mìnich mar a chuir am bàrd na faireachdainnean aige/aice an cèill.

#### 3. Dràma

- (a) Tagh pìos dràma a chunnaic no a leugh thu anns an robh caractar a ghlac d' aire. Mìnich mar a chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean sgrìobhaidh no/agus caractar eile gus an caractar seo a dhèanamh cho inntinneach dhut.

NO

- (b) Tagh pìos dràma a leugh thu aig an robh toiseach a ghlac d' aire sa bhad. Mìnich mar a bha an toiseach seo cudromach a thaobh cuspair anns a' chòrr dhen dealbh-chluich.

#### 4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram-dràma anns a bheil structair plot uabhasach èifeachdach. Mìnich mar a tha seo follaiseach agus mar a bha e cudromach anns an fhilm no sa phrògram gu lèir.

NO

- (b) Tagh film no prògram-dràma a thug buaidh ort air sgàth aon de na cuspairean a nochd ann. Mìnich mar a bha an cuspair seo follaiseach agus seall mar a thug e buaidh ort.

## 5. Cànan

- (a) Tagh aon dual-chainnt Ghàidhlig agus seall na tha ga dèanamh sònraichte don sgìre far a bheil i air a bruidhinn.

NO

- (b) Mìnich le eisimpleirean, a' bhuaidh a tha air a bhith aig leasachaidhean cànan air a' Ghàidhlig mar eisimpleir ann an saoghal Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, na Meadhanan, na h-Ealain . . .

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]

*Acknowledgement of Copyright*

Roinn 1 Extract is adapted from “An Sgathan” by Cailean MacCoinnich. Permission is being sought.

*Duilleag a seachd*



National  
Qualifications  
SPECIMEN ONLY

---

**SQ19/H/01**

**Gàidhlig  
Leughadh agus Sgrìobhadh**

## Marking Instructions

---

These Marking Instructions have been provided to show how SQA would mark this Specimen Question Paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from SQA's Marketing team on [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.



## General Marking Principles for Higher Gàidhlig Reading

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this Paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these General Marking Principles and the Detailed Marking Instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Candidates should gain credit for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Other answers can be accepted than those in the Marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term "Freagairt iomchaidh eile" to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate's answers.
- (f) In the final question candidates should be rewarded for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
  - i) For questions that ask candidates simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
  - ii) For questions that ask candidates to 'Mìnich...' or ask 'ciamar...', candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - iii) For questions that ask candidates to 'Seall mar a tha...', candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - iv) For questions that ask candidates 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates' evidence.

## Marking Instructions for each Question

### Stiùiridhean Comharrachaidh

#### Roinn 1 – Leughadh airson Tuigsinn, Mion-Sgrùdadh is Luachadh

#### Pàirt a dhà: Sgeama ceartachaidh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharra n iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1		<ul style="list-style-type: none"> <li>Bha aige ri oidhche a chur seachad ann am baile beag nach b' aithne dha</li> <li>cha robh mòran àiteachan-fuirich rin lorg sa bhaile</li> </ul>	2	<p>Bu chòir do luchd-ceartachaidh a bhith a' cleachdadh am breithneachadh proifeiseanta, an eòlas agus am fiosrachadh air a' chuspair agus an tuigse agus comharraidhean a thoirt seachad airson freagairtean nan oileanach.</p>
2		<ul style="list-style-type: none"> <li>Thuirte e 'bha rian agam air mo bheatha an uair sin' - tha e a' bruidhinn mu àm a tha seachad no tràth-chaite - Bha e ag ràdh gun robh smachd aige air a bheatha nuair a chaidh e ann / chan eil e mar a bha e</li> <li>Thuirte e 'An t-àite far an do chaill mi mo chiall' - Bha e air a chiall a chall mun àm a dh'fhàg e an t-àite a' sealltainn gu bheil an sgrìobhadair air atharrachadh na phearsa</li> <li>Tha e a' cleachdadh 'ellipsis' aig deireadh an t-seantans - a' sealltainn gu bheil tuilleadh aige ri ràdh agus beachd gu bheil rudeigin air tachairt na bheatha no tha e mar gu bheil e a' toirt cuireadh don leughadair an sgeulachd aige a chluinntinn</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeann seo.</p>	2	
3		<ul style="list-style-type: none"> <li>Suidheachadh de dh'eagal / mì-chinnt / annasach / uaigneach / freagairt iomchaidh eile</li> <li>Mar a tha an samhla 'mar gum bithinn ann an seann fhilm' air a chleachdadh a neartachadh cho annasach 's a bha suidheachadh agus dubh/dorcha</li> <li>Mar a dh'fhàs e dorcha air a shlighe agus gu sònraichte gu luath</li> <li>Tuairisgeul den ghlag mheirgeach le ròpa a bh' air an doras - daingneachadh suidheachadh annasach</li> <li>mar a bha an taigh pìos air falbh bhon rathad / agus mar a bha e a' toirt an aire air an t-solas</li> <li>an duine neònach a thàinig chun an dorais agus mar a chaidh tuairisgeul a thoirt air - coltach ri caractar agus</li> </ul>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharra n iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>suidheachadh a chitheadh tu ann an seann film me an leòn no na sùilean domhainn uaine a bha a' geur-amhairc troimhe</p> <p>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingean seo a tha a' toirt fianais air suidheachadh iomchaidh. Neoni comharr airson iomradh air suidheachadh <b>gun</b> fianais.</p>		
4		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an seantans gu math fada, coltach ris an t-slighe fhèin</li> <li>• tha e air tòrr chromagan a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gu bheil agad ri stad agus a bhith a' gabhail air do shocair / sreath no liosta de bhuadhairean a tha daingneachadh an astair</li> <li>• 'mu dheireadh thall' - a' daingneachadh gun robh e a' gluasad a dh'ionnsaigh an rùm airson ùine fhada</li> <li>• 'fior mhullach' - a' sealltainn gun robh an rùm anns an robh e dol a bhith a' fuireach pìos math air falbh bhon doras</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingean seo.</p>	<b>3</b>	
5		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bha an duine air innse dha nach robh dùil aige ris</li> <li>• Cha do shaoil an sgrìobhadair gum biodh an duine greannach cho coibhneil sin a dhèanamh</li> </ul>	<b>2</b>	
6		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tuairisgeul air a thoirt mun a h-uile càil eile san rùm - sracte, coltas na h-aoise, robach ach tha an leabaidh geal agus glan</li> <li>• tha an leabaidh a' togail a spioraid nuair a tha e a' faireachdainn gu math ìosal san rùm</li> <li>• tuairisgeul air a thoirt den leabaidh mar geal agus glan - soilleir; far a bheil na rudan eile agus gu h-àraid an solas 'fann' - dorcha</li> <li>• Mar a tha tuairisgeul air a thoirt den rùm - chan eil càil tarraingeach mu rud sam bith eile ach bha an leabaidh ga "thàladh". Tha e airson a dhol a laighe</li> </ul>	<b>2</b>	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharra n iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>innte.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an leabaidh nas tarraingiche dha ach tha an sgàthan a' glacadh aire</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingean seo.</p>		
7		<ul style="list-style-type: none"> <li>Bha e airson tuairisgeul a thoirt den a h-uile càil eile an toiseach gus am biodh barrachd buaidh aig an sgàthan air an leughadair</li> <li>tha fios mun sgàthan a' nochdadh san ath pharagraf / Tha e ag obair mar cheangail a-steach ris an ath pharagraf</li> <li>bha e airson fhàgail chun an deiridh bhon a tha e cho annasach</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingean seo.</p>	2	<p><i>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean (uile airidh air aon phuing).</i></p>
8		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha e doirbh gun a bhith a' coimhead air telebhisean ma tha e air fiù 's gun fhuaim air</li> <li>Tha an dealbh air an sgàthan a' gluasad mar dealbh air telebhisean</li> <li>bha an sgrìobhadair air a bheò ghlacadh leis an sgàthan dìreach mar a bhithear le telebhisean</li> <li>'S e ìoranas a th' ann bho nach eil iomradh air telebhisean ceart anns an rùm seo - seo an aon 'telebhisean' a th' aige</li> <li>Ceangail air a dhèanamh leis an iomradh air seann fhilm na bu tràithe</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingean seo.</p>	2	<p><i>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean (uile airidh air aon phuing).</i></p>
9		<ul style="list-style-type: none"> <li>mar a tha an ìomhaigh den leabaidh a' tulgadh gu mòr</li> <li>mar a tha an sgrìobhadair a' toirt tuairisgeul air an leabaidh mar gu bheil e ann am meadhan fìor dhroch stoirm</li> <li>mar a tha an samhla air a chleachdadh agus coimeas air a dhèanamh eadar na tuinn agus uilebheistean a tha a' dol leis an fhaireachdainn a tha aig an</li> </ul>	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharra n iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>sgrìobhadair</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• mar a tha fuaimean air an cleachdadh agus tuairisgeul air a thoirt orra gu mionaideach - an deic a' dìosgail / na ròpannan a' teannachadh / sgreuchail na gaoithe mar gu bheil an sgrìobhadair gan cluinntinn</li> <li>• an ìomhaigh den deic a' gluasad agus a' faireachdainn mar nì beò - gun robh e soilleir gun robh eagal mòr air mar a bhiodh ann an trom-laighe</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingeagan seo.</p>		
10	<ul style="list-style-type: none"> <li>• a thaobh plot - mar a tha an tachartas fhèin den òstair a' tighinn ga ionnsaigh le sgian air a chleachdadh</li> <li>• tha iomradh air an dòigh-coiseachd agus na sùilean aig an òstair seach a bhith ag ràdh gur esan a bh' ann</li> <li>• mar a tha an clisgeadh aig an sgrìobhadair air a shealltainn ann an aon loidhne ghoirid leis fhèin - tha buaidh aig a seo air sgàth 's gu bheil e cho goirid agus pongail</li> <li>• mar a tha fuaim na gaoithe air a chleachdadh nuair a tha an t-òstair a' tighinn ga ionnsaigh - tha e a' fàs nas àirde</li> <li>• mar a tha na b' fhaisge agus na b' fhaisge air a chleachdadh (ath-aithris) mar gu bheil e a' fàs suas gu àirde</li> <li>• mar a tha “ellipsis” air a chleachdadh - chan eil fios le cinnt an do shoirbhich leis an òstair an sgrìobhadair a mharbhadh gus an leugh thu air adhart</li> </ul>	3	
11	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an sgàthan air briseadh - dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh gu bheil droch fhortan gu bhith aig an sgrìobhadair</li> <li>• “ghlainne ghleansach ghorm” - uaim a' toirt air na faclan a bhith a' ruith gu sgiobalta</li> <li>• ‘gorm a' priobadh’ - ceangailte ris a' mhuir ach seòrsa smuain fhann mar chuimhneachain air na thachair dha ‘anns’ an sgàthan</li> <li>• tha (inntinn) an sgrìobhadair air</li> </ul>	3	<p><i>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca.</i></p>

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharra n iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>briseadh coltach ris an sgàthan mar a mhinich a thachair na bu tràithe anns an stòiridh</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• “sgealban biorach” - dh'fhaodadh iad a bhith cunnartach / tha buaidh mhòr air a bhith aig an tachartas air an sgrìobhadair - tha e air a ghoirteachadh gu dona</li> <li>• Deireadh annasach a tha a' dol leis an àite neònach dhan deach e</li> <li>• Freagairt iomchaidh eile</li> </ul> <p>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingeann seo.</p>		<p><i>Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</i></p>
12		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha aire an duine air a ghlacadh leis an sgàthan anns an rùm</li> <li>• Tron oidhche tha e dùsgadh ann an trom laighe air bàta</li> <li>• Cha mhòr nach eil an t-òstair, a tha na sheòladair eile, ga mharbhadh ach tha e a' dùsgadh air làr an rùm-cadail</li> </ul>	<b>3</b>	<p><i>Tha còir aig oileanaich a bhith a' sgrìobhadh trì puingeann sìos a tha a' toirt geàrr-chunntas slàn seachad air na thachair dhan duine. Feumaidh iad a bhith a' taghadh an fhiosrachaidh as cudromaiche gus seo a dhèanamh.</i></p>

## Roinn 2 – Leughadh Breithneachail is Sgrìobhadh

### General Marking Principles for Higher Gàidhlig Writing

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this Paper. These principles must be read in conjunction with the specific Marking Instructions Tables for writing.

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these General Marking Principles and the specific Marking Instructions tables for writing.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Assessment should be holistic. There may be strengths and weaknesses in the essay; assessment should focus as far as possible on the strengths, taking account of weaknesses only where they significantly detract from the overall essay.
- (d) Candidates may display ability across more than one band descriptor. Assessors should recognise the closeness of the band descriptors and consider carefully the most appropriate overall band with the candidate's performance.
- (e) Once the appropriate band descriptor has been selected, the assessor should follow this guidance:
  - If the evidence almost matches the level above, award the highest available mark from the range.
  - If the candidate's work just meets the standard described, award the lowest mark from the range. Otherwise the mark should be awarded from the middle of the range.
  - For Band Descriptors of four marks, eg 9-6, assessors should reconsider the candidate's abilities in the six main areas in the column headed "marks". If the candidate just misses a 9, award an 8. If the candidate is slightly above a 6, award a 7.
- (f)
  - (i) For questions that ask candidates to 'Mìnich...' or ask 'Ciamar...', candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - (ii) For questions that ask candidates to 'Seall mar a tha...', candidates must identify parts, the relationship between them, and their relationships with the whole.
  - (iii) For questions that ask candidates 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates' evidence.

## Higher Gàidhlig - Literature/Writing Marking Instructions

Marks	20-19	18-16	15-13	12-10	9-6	5-1	0
<b>Knowledge and understanding</b> The candidate demonstrates:	a comprehensive knowledge and understanding of the text a comprehensive selection of textual evidence to support a relevant and coherent argument	a very clear knowledge and understanding of the text very clear textual evidence to support an argument that is clearly focused on the demands of the question	a clear knowledge and understanding of the text clear textual evidence to support the demands of the question	an adequate knowledge and understanding of the text adequate textual evidence to support a line of thought which has some focus on the question	limited evidence of knowledge and understanding of the text limited textual evidence to support focus on the demands of the question	little knowledge and understanding of the text little textual evidence to support focus on the demands of the question	no knowledge of the text and its central concerns no attempt to answer the question and no textual evidence
<b>Analysis</b> The candidate demonstrates:	a comprehensive analysis of the effect of the literary /linguistic/ filmic techniques	a very clear analysis of the effect of the literary /linguistic/ filmic techniques	a clear analysis of the effect of the literary /linguistic/ filmic techniques	an adequate analysis of the effect of the literary /linguistic/ filmic techniques	limited analysis of the effect of the literary /linguistic/ filmic techniques	little analysis of the literary /linguistic/ filmic techniques	no analysis of the literary /linguistic/ filmic techniques
<b>Evaluation</b> The candidate demonstrates:	a committed evaluative stance with respect to the text and the task	a very clear evaluative stance with respect to the text and the task	a clear evaluative stance with respect to the text and the task	adequate evidence of an evaluative stance with respect to the text and the task	limited evidence of an evaluative stance with respect to the text and the task	little evidence of an evaluative stance with respect to the text and the task	no evidence of evaluation
<b>Style and structure</b> The candidate demonstrates:	a close engagement with the task, style and a clear sense of structure	a very good engagement with the task and some style and a good sense of structure	a good engagement with the task and some style and a good sense of structure	some engagement with the task, some structure and an attempt to employ some style in the writing	only a limited engagement with the task and a limited or inconsistent sense of structure	little engagement with the task and a very limited or no sense of structure	no engagement with the task
<b>Language resource</b> The candidate demonstrates:	a wide range of vocabulary, idiom and language structures	a very good range of vocabulary, idiom and language structures	a good range of vocabulary, idiom and language structures	an appropriate range of vocabulary, idiom and language structures	a limited range of vocabulary, idiom and language structures	a very limited range of vocabulary, idiom and language structures	insufficient vocabulary, idiom and language structures to convey any response
<b>Clarity and accuracy</b> The candidate demonstrates:	a high degree of clarity, fluency and accuracy	a very good degree of clarity, fluency and accuracy	a good degree of clarity, fluency and accuracy	a reasonable degree of clarity, fluency and accuracy	a limited degree of clarity, fluency and accuracy	a very limited degree of clarity, fluency and accuracy	no clarity, fluency and accuracy

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]